

## Buidheann A / Organisation A

A charaid chòir,

Bu mhath leam freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairleachadh poblach aig Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2017-22 às leth Buidheann A, carthannas clàraichte Aimeireaganach a bhitheas ag obair a chum eòlas na Gàidhlig a riochdachadh agus a bhrosnachadh am measg sgoilearachd agus chomannan Albannach anns Na Stàitean Aonaichte.

Mar bhuidheann nach eil stèidhichte ann an Alba, ach aig a bheil buntainneas làidir ris a' Ghàidhlig agus a' Ghàidhealtachd tro ar n-obair, bidh sinn a' riochdachadh pàirt chudromach de shliochd nan Gàidheal thall thairis. Air chor sin, bu mhath leinn beachdan a thoirt seachad gu sònraichte air taobhan eadar-nàiseanta a' Phlana Nàiseanta.

Le bhith a' comharra na h-uireid a dh'eilthirich thar nan linn – Gàidheil a' falbh chun nan Stàitean agus Aimeireaganaich gu ruige na 'Seann Dùthcha', saoilidh sinn gum bu chòir iomradh nas fharsainge a nochdadh sa Phlana Nàiseanta air na bhitheas sluaghan bho thall thairis a' cur ris a' Ghàidhlig, chan ann a-mhàin ann an àireamh ach cuideachd ann an saobhreas cultarach mar eisimpleir. Tha dileab nan Gàidheal ri lorg anns na Stàitean san latha a dh'fhalbh, sna seann bhailtean Gàidhealach an Carolina a Tuath agus New York Uachdarach, agus san latha an-diugh, aig ACGA, a' Mhòd Aimeireaganach agus Slighe nan Gàidheal. Is amhail mar sin a tha dileab nan Aimeireaganach ri lorg ann an Alba, bho Mhairead Fay Sheathach gu ollamhan a leithid Iain Sheathaich, Wilson MhicLeòid agus Decker Forrest. Tha an gluasad-sluaigh seo air a bhith glè bhuannachdail dhan dà dhùthaich, agus a' Ghàidhlig nan cois. Thathar an dòchas gun tig an ceangal seo a bhith air a leasachadh sna bliadhnaichean ri thighinn.

Ged a tha na dàimhean Canadach agus Èireannach air an ainmeachadh gu soilleir (td29), chan eilear a' dèanamh luaidh air a' mhòr-chaidreachas a tha a' sineadh nas fhaide na sin. Bhiodh e na chall mura tarraingeadh saoghal na Gàidhlig air gach ràmh a tha ri làimh. Le sin, mholamaid gum bi am Plana Nàiseanta a' luaidh gu sònraichte air na buannachdan a tha an cois nan ceanglaichean ri muinntir nan Stàitean Aonaichte cuideachd.

Leis gach dùrachd,  
Freagarraiche as leth Buidheann A  
Ball a' Bhùird